

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Màrt 2016 / March 2016

Teachdaireachd bho Marilyn Waters

Tha Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba (UTA) a' cuideachadh daoine le bhith a' coileanadh na h-amasan aca le bhith a' tabhachd measgachadh de theisteanasan agus seirbheisean a tha air an aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta aig àrd-ìre. Bidh sinn ag obair còmhla ri sgoiltean, colaistean, oilthighean agus buidhnean trèanaidh gus teisteanasan agus measaidhean a leasachadh agus a thoirt seachad.

Tha an obair a tha sinn a' dèanamh airson Gàidhlig a bhrosnachadh a' toirt buaidh air coimhearsnachdan air feadh na dùthcha. Mar phàirt de bh' ur dleasdanasan againn dhan chànan, mar a chìthear sa Phlana Gàidhlig, tha UTA cuideachd toilichte a bhith a' toirt taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail bho 2011.

Gu sònraichte, bidh sinn an sàs ann an Latha Litreachais a Mhòid, a bhios a' gabhail àite ann an teismheadhan seachdain thrang dha na farpaisich! Tha e na thlachd dhuinn a bhith a' coimhead uidhir de luchd-labhairt na Gàidhlig, òg is sean, a' gabhail pàirt anns an tachartas, mòran dhiubh a tha fhathast anns an sgoil, ann an colaiste no anns an oilthigh, no 's dòcha gu bheil iad air ceumnachadh le teisteanas nàiseanta sa' chànan.

Tha an spiorad dealasach agus farpaiseach soilleir ri fhaicinn agus cuideachd cho pròiseil 's a tha iad fhèin, an caraidean, tidsearan agus teaghlaichean le bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas cultural nàiseanta a leithid ri seo.

Tha UTA a creidsinn gu bheil e cudthromach a bhith a' toirt taic dhan chànan mar seo – ach chan urrainn seo tachairt leis fhèin. Tha e cudthromach dhuinn a bhith a' co-obrachadh còmhla ris a' Chomunn Gàidhealach agus buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gum bidh farpaisich, coimhearsnachdan, cànan agus cultar na Gàidhlig, agus gu dearbha, Alba fhèin a' faighinn brosnachadh bho obair chudthromach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.

Marilyn Waters
Manaidsear Theisteanasan (Cànain)
UTA

A Message from Marilyn Waters

SQA helps people realise their potential and achieve their ambitions by providing a wide range of high quality, internationally recognised qualifications and associated services. We work with schools, colleges, universities and training organisations to develop and deliver our qualifications and assessments.

The work we are doing to support the revitalisation of the Gaelic language is making a real difference to communities across the country. As part of our commitment to the language, shown in our Gaelic Language Plan, SQA is also very proud to have been supporting the Royal National Mòd since 2011.

The main aspect of our involvement with the Mòd, is Literature Day, which traditionally occupies the mid-point of a very busy week for competitors! It is hugely inspiring to see so many Gaelic speakers of all ages at the event, many of whom are studying, will be studying or will have studied, for nationally recognised qualifications in the language.

Their commitment and competitive spirit is evident, as is the pride they and their friends, teachers and families take in being part of such a culturally vibrant national event.

SQA believes in the importance of supporting this aspect of its work with the language - but it cannot happen in isolation. Working in partnership with An Comunn Gàidhealach and other organisations is essential to ensure that competitors, communities, Gaelic language and culture, and indeed Scotland as a nation, continue to benefit from the important work of the Royal National Mòd.

Marilyn Waters
Qualifications Manager (Languages)
SQA



An Comunn Gàidhealach

Cuairtean a' Mhòid ann an Leòdhas

Chaidh tadhal air trì sgoiltean deug agus còrr air sia ceud sgoilear ann an Leòdhas aig deireadh a' Ghearrain, mar phàirt de sgeama bhliadhnail 'Cuairtean a' Mhòid' aig an Comunn Gàidhealach. A-measg na bha an-sàs, bha Seumas Greumach agus Seonag NicAnndrais bhon Chomunn Ghàidhealach. Cuide riutha, bha luchd-ciùil tàlantach a bhuineas agus a tha a' fuireach ann an Leòdhas; Andy Yearly, Stephen Drummond, Louisa Barron agus Màiri MacLennan. Bha an sgioba a' taisbeanadh òrain, fuinn agus sgeulachdan air beulaibh na cloinne.

Tha 'Cuairtean a' Mhòid' ag amas air aire a thogail mun Mhòid Nàiseanta, a tha am bliadhna a' tilleadh gu na h-Eileanan an Iar, agus airson innse mu na cothroman agus buannachdan a tha a' tighinn na chois. Tha na h-uimhir de dhaoine a tha air pàirt a ghabhail anns na mòdan rè nam bliadhna a-nis a' dèanamh am beò-shlàint mar luchd-ciùil traidiseanta agus seinneadairean Gàidhlig. Thathas an dòchas gu bheil leithid Màiri, Stephen agus Louisa a ghabh pàirt anns na Mòdan iad fhèin nan òige, air na sgoilearan air an robh iad a' tadhal a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt cuideachd.

Bha spòrs gu leòr ann cuide ri na sgoilearan, a bha a' faighinn fiosrachadh mun Mhòd, a thuilleadh air a bhith a' meòrachadh agus a' beachdachadh air an tachartas. Chualas òrain agus fuinn bho chuid de na sgoilearan air an robhas a' tadhal agus chòrd sin ris an sgioba gu mòr.

A thuilleadh air ceòl is òrain, bha an sgioba gu mòr ag amas air cho cudthromach 's a tha e a bhith ag innse sgeulachdan ann an Gàidhlig. Bha Seonag, a tha air leth-tàlantach mar sheanchaidh a' taisbeanadh nan sgilean aice agus bha a' chlann air am beò ghlacadh le na sgeulachdan inntinneach agus annasach a bha i ag aithris. 'S e seachas fear dhe na h-ealain as sine a th' againn. Tha sgeulachdan a' toirt togail-inntinn agus tlachd do dhaoine seann is òg, an luib gach cànan agus cultar. Tha farpaisean innse-sgeulachd fhathast a-measg nam farpaisean òigridh 's tarraingeach a th' ann aig Mòdan anns an latha th' ann.

Chaidh Cuairt a' Mhòid a stèidheachadh an-uiridh san Òban; a' tadhal air dusan sgoil anns an sgìre. Bha an Iomairt air a mheas air leth-soirbheachail ann a bhith a' brosnachadh chloinne gus pàirt a ghabhail anns a' Mhòd agus gus ùidh san fhèis ath-bheothachadh a-measg fharpaisich òga.

Gu mi-fhortanach an turas seo, cha do cheadaich an ùine dhan sgioba tadhal air sgoiltean ann an ceàrnaidhean eile de na h-Eileanan Siar, ach, tha sgioba a' Chomuinn an dùil tadhal air sgoiltean air feadh nan Eileanan Siar nas fhaide air adhart am bliadhna.



Mòd Roadshows visit Lewis schools

At the end of February, An Comunn Gàidhealach's week-long annual Mòd roadshows visited 13 primary schools and over 600 pupils in Lewis. Our team included An Comunn staff James Graham and Seonag Anderson as well as talented, local based musicians, Andy Yearly, Stephen Drummond, Louisa Barron and Màiri MacLennan who brought songs, music and stories to the schools in the area.

With the Royal National Mòd returning to the Western Isles in October this year, An Comunn Gàidhealach's Mòd Roadshows took to the road with the aim of raising awareness about the event and informing young people about the opportunities of being involved in the Mòd. Participating in the Mòd has acted as a spring board for many well-known musicians who went onto forge a career for themselves. So, for the children to have young musicians such as Màiri, Stephen and Louisa, who have all come through the Mòds themselves, visiting their schools, they will hopefully feel inspired to take part in Mòds and go on and become musicians themselves.

We had great fun speaking with the children and hearing about their own experiences and views on the Mòd and we were very fortunate to hear some performances from some of the children themselves in some of the schools we visited.

This year's Roadshows included a strong emphasis on the art of Gaelic storytelling and Seonag, a great storyteller, captivated the children in each of the schools with her tales and storytelling craft. Storytelling is one of our oldest art-forms and stimulates the imagination and communicates to people of different ages, backgrounds, and cultures. Story telling remains one of the most popular and appealing competitions among the junior competitions at Mòds.

The Roadshows were launched last year and visited schools in the Oban and Lorn area. The visits proved extremely successful and helped to reinvigorate interest and boost competitor numbers in the festival among young competitors at the Oban Provincial and National Mòd.

Unfortunately, the Roadshow team weren't able to get round every school in the Western Isles on this occasion but An Comunn Gàidhealach hope to visit schools in Harris, Uist and Barra later in the year.



An Comunn Gàidhealach

Dealbhan bho Cuirtean a' Mhòid / Some photos from the Mod Roadshows



An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean Luchd-obrach

Bidh Marina NicAoidh a' dol air fòrladh màthaireil ann am meadhan a' Ghiblean agus dùil aice ri leanabh aig toiseach a' Chèitean.

'S e Alison Bruce a bhios a' gabhail thairis obair Marina fhad's a bhios i dheth. Tha Alison air a bhith ag obair còmhla rinn pàirt-ùine airson beagan mhìosan a-nis.

Bha i cuideachd còmhla rinn ann an Oifis Inbhir Nis air sgeama sàmhraidh nan oileanach nuair a bha i na h-oileanach aig Oilthigh Obar Dheathain.

Tha sinn a' guidhe gach dùrachd agus toileachas dha Marina agus Dòmhnall sna mìosan tha teachd.

Staff Changes

From mid-April, Marina Mackay will commence her maternity leave, with her baby due at the beginning of May.

Alison Bruce will be covering Marina's position in our Stornoway office whilst she is on leave.

Alison has worked with us on a part-time basis for several months now, having also worked two summer placements in our Invenress office while she was a student of Aberdeen University.

We wish Marina and Domhnall all the very best in the coming months.

Sgeama Measaidh nan Cairtean Gàidhlig

Tha Sgeama Measaidh nan cairtean a' toirt taic agus spionnadh do dh' fharpaisich an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh, gus am faigh iad na cairtean a tha a dhith orra, airson pàirt a ghabhail ann an cuid de dh' fharpaisean a' Mhòid. Chaidh Sgeama Measaidh nan cairtean atharrachadh ann an 2012, agus, bhon uair sin, thathas a' faicinn tòrr dhaoine a' dèanamh oidhirp le bhith a' cosnadh cairt tron sgeama.

Tha an sgeama ann mar slat-tomhais gus fileantas fharpaisich a dhearbhadh anns na farpaisean agus a chumail aig àrd ìre. Ri linn seo, tha sgeama a' Chomuinn gu mòr a' cur ris an àrdachadh de fhileantas a-measg inbhich agus luchd-labhairt na Gàidhlig agus ri leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd.

Anns a' bhliadhna 2015-2016 choisinnear 41 cairt òr, 14 cairt airgid agus 29 cairt umha tron sgeama, àrdachadh an coimeas ris a' bhliadhna ron an-sin.

Thuir Seumas Greumach, Manaidsear a' Mhòid, "Tha e na fìor adhbhar toileachais agus misneachd dhuinn gu bheil uiread de dhaoine cho mòr a' cur ris a' chànan le bhith a' leasachadh an cuid Ghàidhlig fhèin tro sgeama a' Chomuinn. Cuideachd, tha e na dhearbhadh air an oidhirp a thathas a' dèanamh a thaobh farpaisean a' Mhòid.

Faodar iarrrtas a chur gu An Comunn Gàidhealach gus measadh a dhèanamh aig àm sam bith den bhliadhna 's bidh measaidhean rim faotainn, mar as àbhaist, seachdain a' Mhòid fhèin ann an Steòrnabhagh. Cha bhi measaidhean rim faotainn anns an t-Sultain ge-ta, leis gu bheil e cho faisg air a' Mhòd Nàiseanta fhèin. Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh nam measaidhean cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach tro mheadhain post-dealain gu alison@ancomunn.co.uk neo cuiribh fòn gu: 01851 703 487.

Gaelic Assessment Cards

The Gaelic Assessment Scheme continues to see competitors making further and continued progress in learning the language in order to gain the cards they need, to compete and take part at the Mòd.

The Gaelic Assessment Scheme was reformed in 2012 and since then the scheme has seen many people attempting to gain their respective level of fluency cards.

The scheme acts as a benchmark to verify competitors' fluency levels in competitions and uphold the standard of linguistic skill. As a result of this, the scheme is contributing to the wider role of increasing Gaelic fluency levels among adults.

In the year 2015-2016, 41 gold cards, 14 silver cards and 29 bronze cards have been awarded to adult competitors, a rise compared to the previous year.

Mòd Manager James Graham stated, "It's wonderful and very positive to see the number of people contributing to the language and developing their own linguistic skills in this way. It is also evidence of the commitment people are making in order to take part in Mòd competitions.

Individual appointments for Gaelic assessment can be made at any time throughout the year and during the Royal National Mòd week in Stornoway. Please note that there will be no testing available during the month of September with it being so close to the Mòd. If you have any questions regarding the assessments please contact An Comunn Gàidhealach by e-mail: alison@ancomunn.co.uk or tel: 01851 703 487.

An Comunn Gàidhealach

Ceann-làtha ùr airson Farpaisean

Bu chòir dhuibh a bhith mothachail gu bheil sinn air na cinn-latha atharrachadh airson foirmean agus earrainnean ainmichte Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Ma tha sibh a' cur foirmean thugainn sa' PHOST, feumar seo a dhèanamh ro 31 Cèitean 2016. Ma thig foirmean thugainn tron phost as dèidh a' chinn-latha seo, CHA TÈID GABHAIL RIUTHA.

Ma tha sibh a' cur pìosan fèin-thaghte thugainn tron PHOST, feumar an cur thugainn ro 31 Cèitean 2016.

Tha ceann-latha ùr ann airson duine sam bith a tha airson cuir a-steach airson farpaisean air-loidhne. Bidh agaibh gu 30 Ògmhios 2016 airson cuir a-steach airson farpaisean tron làrach-lìn. Seo an ceann-latha airson pìosan fèin-thaghte a chur a-steach air-loidhne.

CHA GHABH sinn foirmean no pìosan fèin-thaghte tro post-dealain idir.

Feuch nach fhàg sibh seo chun a' mhionaid mu dheireadh, gun fhios nach bidh duilgheadasan sam bith agaibh.

Mar a bhios sibh mothachail, tha sinn air a bhith ag obair air an siostam air-loidhne againn thairis air an dà bhliadhna chaidh seachad agus tha sinn an dòchas gun cleachd a mhòr-chuid de na farpaisich an goireas seo. Leis gu bheil mìos a bharrachd aig farpaisich ri cuir a-steach airson farpaisean air-loidhne, tha sinn an dòchas gun toir seo air barrachd an siostam seo a chleachdadh. Ma bhios cuideachadh sam bith a dhith oirbh, cuiribh fios thugainn aig àm sam bith.

Bidh cothrom agaibh cuir a-steach airson farpaisean na bliadhna seo tron làrach-lìn bho 1 Giblean 2016.

Tha sinn a' moladh seo dhuibh uile.

Bidh foirmean airson a' phost rim faighinn ann am beagan sheachdainean.

CINN-LATHA

Tron phost – 31 Cèitean 2016

Pìosan fèin-thaghte tron phost – 31 Cèitean 2016

Air-loidhne – 30 Ògmhios 2016

Pìosan fèin-thaghte air-loidhne – 30 Ògmhios 2016

Leis gum bidh feadhainn de na sgoiltean a' dùnadh airson saor-làithean an t-Sàmhraidh ro cheann-latha an t-Ògmhios, dèanaibh cinnteach gun cur sibh àireamh-fòn air na foirmean agaibh far am faigh sinn grèim oirbh thairis air na saor-làithean. Ma bhios duilgheadasan sam bith ann agus mur a bidh dòigh againn faighinn grèim oirbh, dh' fhaodadh seo buaidh a thoirt air an àite agaibh san fharpais.

Feuch gun cuir sibh an fhiosrachadh cudthromach seo air adhart gu farpaisich, tidsearan, rùnairean sam bith, agus mar sin air adhart, a bhios a' dèiligeadh ris na foirmean agaibh.

New Mod Entry and Own Choice Deadline

Please note that we have new deadlines for entry to this year's Royal National Mod and for Own Choice Submissions.

All those wishing to submit PAPER entries will have to do so by 31 May 2016. Paper entries WILL NOT be accepted after this date.

Similarly, anyone wishing to submit their own choice pieces by POST must do so by 31 May 2016.

A new deadline has been created for those wishing to enter by our online system. All those intending on entering online will have until 30 June 2016 to do so. This deadline also applies to own choice pieces being submitted online.

Entries and own choice submissions via email WILL NOT be accepted under any circumstances.

We would encourage competitors not to leave their entries until the last minute in case of any problems or queries that may arise.

As you will be aware, we have been developing our online system over the last number of years and we are encouraging all competitors to use this facility as much as possible. By extending the online entry date by a month, we hope this will encourage more competitors to use the system. Should you require any assistance, please do not hesitate to contact us.

Online entry will be available from 1 April 2016. We would encourage you to use this system.

Paper entry forms will be made available in the coming weeks.

DEADLINES

Entry by post – 31 May 2016

Own Choice submissions by post – 31 May 2016

Online Entry – 30 June 2016

Online own choice submissions – 30 June 2016

Please note, as some schools will be closing for the Summer break before the online deadline, please ensure that you provide a contact number where we can reach you out with term time.

Failure to do so may affect your entry.

Please pass this important information on to any competitors, secretaries and music instructors who this may concern and who may be dealing with your entries.



An Comunn Gàidhealach

Mòdan Ionadail 2016 / Provincial Mods 2016

Seo na cinn-latha a tha againn gu ruige seo / Here are the dates we have received so far:

Dùn Èideann / Edinburgh

22 – 23 Giblean / April

j.macdonald@weascotland.org.uk

Sruighlea / Stirling

20 – 21 Cèitean / May

karenfernier@gmail.com

Uibhist / Uist

27 – 28 Cèitean / May

moduibhist@gmail.com

An t-Eilean Sgitheanach / Skye

1 – 4 Ògmhios / June

maireadnicolson@btinternet.com

Cille Bhrìde an Ear / East Kilbride

3 – 4 Ògmhios / June

catmacdonald292@btinternet.com

An t-Òban / Oban

3 – 4 Ògmhios / June

moiradunlop@btinternet.com

Ìle / Islay

4 Ògmhios / June

alisongrayislay@aol.co.uk

Cataibh & Gallaibh

4 Ògmhios / June

cameronatcroick@tiscali.co.uk

Glaschu / Glasgow

10 – 11 Ògmhios / June

angelajenkins34@hotmail.com

Lochabair / Lochaber

10 – 11 Ògmhios / June

linda@bosslochaber.co.uk

Obar Pheallaidh / Aberfeldy

10 – 11 Ògmhios / June

pad.gaelicmod@gmail.com

Àird nam Murchan Ardnamurchan

17 Ògmhios / June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

17 – 18 Ògmhios / June

secretary@invernessprovincialmod.co.uk



Muile / Mull

9 – 10 Sultain / September

secretary@mullmod.org.uk

An Comunn Gàidhealach

Mòd Ionadail Dhùn Èideann Edinburgh Local Mod 2016



Dihaoine 22 & Disathairne 23 Giblean
Friday 22 & Saturday 23 April 2016

Bun-sgoil Taobh na Pàirce, 139 Rathad Bonnington, EH6 5NQ
Parkside Primary School, 139 Bonnington Road, Edinburgh
agus/and
Sgoil Phàirc Pilrig, Ceàrn Balfour, EH6 5NQ
Pilrig Park School, Balfour Place, Edinburgh

More info: www.modionadaildhuneideann.co.uk

or at www.edinburghlocalmod.co.uk

E-mail enquiries:
localmodedinburgh@gmail.com

An Comunn Gàidhealach

Aithisg Rannsachaidh Mòd an Òbain



Tha aithisg le The Market Specialists air fiosrachadh a thoirt dhuinn air buaidh eaconamach a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail am a-chaidh a chumail an uiridh san Òbain. Thathas a measadh gun do chaith an 8,939 luchd-tadhail timcheall air £2,800,000 thairis air seachdain a' Mhòid. A rèir coltais, bha £345,000 air a chosg gach latha. Chaidh a' mhòr chuid den t-suim seo a chosg sa bhaile fhèin agus le luchd-tadhail a' Mhòid a' cleachdadh goireasan ionadail fad na seachdain.

A bharrachd air a bhith a' toirt siùil air a' bhuaidh eaconamach, bha beachdan ann mun Mhòd cuideachd. Bha dà thrìan de luchd-tadhail a' Mhòid den bheachd gu bheil am Mòd a' cur ri amasan Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha An Comunn Gàidhealach gu math toilichte gu bheil am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' neartachadh agus a' leasachadh a' chànan: dà amas a tha chudromach dhan Chomunn Ghàidhealach.

Mhol an aithisg gun robh Mòd 2015 air leth soirbheachail anns a h-uile dòigh agus bha iad airson taing a thoirt dha Comataidh Ionadail a' Mhòid às leth an luchd-tadhail uile airson tachartas air leth math a chumail.



Mòd Ionadail Sgìre an Òbain 2016

Dìreach airson a chuir na' cuimhne gu bheil Mòd Sgìre an Òbain 2016 a' tachairt air Dihaoine 3mh agus Disathairne 4mh den Ògmhios. Feumaidh na foirmean inntrigeadh a bhith againn ro Dihaoine 1 den Ghiblean 2016. Faodaidh sibh na foirmean a phostadh no an toirt gu:

Furan, Ionad Gàidhlig an Òbain, Tallaichean Chorrain, An t-Òbain, PA34 5AB.

Feumar duaisean sam bith a thilleadh gu Furan ro Dihaoine 29mh den Ghiblean 2016.

Ma bhios fiosrachadh sam bith eile a dhith oirbh, cuiribh fios gu moiradunlop@btinternet.com.

Oban Mod Evaluation



A report by The Market Specialists has given us some insight into the economic success of last year's Royal National Mòd in Oban. The report showed that 8,939 visitors to the Mòd generated an estimated headline expenditure of approximately £2,800,000 over the duration of the event. It was estimated that £345,000 was being spent per day: the majority in the town of Oban itself with visitors to the Mòd making good use of the local facilities and businesses.

The information for the report was gathered through the circulated questionnaires during the Mòd. As well as the economic impact, the report gave insight into some of the views of Mòd attendees regarding the event itself. One notable view was that two thirds thought that the Mòd made a "Very Significant" contribution to the Scottish Government objectives to increase and take up the use of the Gaelic language. An Comunn Gàidhealach are pleased to note that the event is playing a significant role in strengthening and encouraging the use of the Gaelic language: two of An Comunn Gàidhealach's main aims.

The report summarised Mòd 2015 in Oban as being "very successful" on all fronts and expressed thanks and appreciation on behalf of all those who attended to An Comunn Gàidhealach and to the Local Organising Committee for such a successful Mòd.



Oban Provincial Mod 2016

Just to remind you that the Oban and District Provincial Mod 2016 will take place on Friday 3rd and Saturday 4th June. Entry forms must be with us by Friday 1st April 2016. Forms can be posted or handed in to:

Furan Gaelic Centre, Corran Halls, Oban, PA34 5AB.

Also, all engraved trophies, shields, cups, etc should be returned to Furan Gaelic Centre by Friday 29th April 2016.

If you require any further information, please contact Moira Dunlop on moiradunlop@btinternet.com.

An Comunn Gàidhealach

Mòd Ionadail Leòdhais / Lewis Provincial Mod

Chaidh Mòd Ionadail Leòdhais a chumail eadar an 15mh agus an 18mh den Mhàrt ann a Steòrnabhagh. Mar is tric 's ann 's an t-Ògmhios a thèid a chumail, ach leis gu bheil am Mòd Nàiseanta Rìoghail gu bhith anns a h-Eileanan an Iar san Dàmhair, chaidh am Mòd Ionadail a chumail an dràsta. Bha sinn gu math fortannach leis an aimsir – shaoileadh tu gur e an t-Ògmhios a bh' ann, bha a' ghrian a' deàrrsadh fad na seachdain agus bha a h-uile duine ann an deagh shunnd. Bha Mòd air leth ann.

The Lewis Provincial Mod took place between the 15th and 18th of March in Stornoway. This Mod is usually held in June, but due to the Royal National Mod taking place in the Western Isles in October, the Provincial Mod took place earlier in the year. We were fortunate with the weather, it was easy to forget that it was not June! The sun shone each day and everybody was in good spirits. It was a great Mod.

The Lewis mod was the subject of one blogger's focus that week. Journalist Katie Laing, blogging as Hebrides Writer, wrote about her son Michael's stage debut in a play being put on by his Stornoway Primary GM1 class, and mulled over the importance of performance for confidence and creativity. You can follow Katie's new 'arts, culture and opinion' blog at www.hebrideswriter.com, where original stories and reflections are posted regularly. You can also follow her on Twitter @hebrideswriter or find her on LinkedIn, as KatieLaing01.

In the meantime, though, here is what she had to say about the Mod. It is an interesting read and a reminder of what the Mod is really all about.

There was only one story in our house last week... Michael, five, went to the Mod! This, as many of you will know, is a great festival celebrating all that is fabulous in the Gaelic tradition and includes a whole raft of competitions including choral and solo singing, music, recitation and drama.

Not to be mixed up with the main event that is the Royal National Mod, held in October, this was Mòd Ionadail Leòdhais — the Lewis Mod. It is one of a network of local Mods that take place across Scotland, for children aged five to 16, and is open to Gaelic learners as well as native speakers.

It was the drama category that our wee guy was in, along with the rest of his Gaelic Medium class from Stornoway Primary, and I couldn't have been any prouder if I was Leonardo Di Caprio's mum at this year's Oscars.

Michael was charged with delivering a grand total of eight lines as Narrator Number Four in 'Am Bodach Aran-Cridhe' (The Gingerbread Man). Disappointingly for him, he didn't get to wear an animal costume and chase the gingerbread man around the stage, shouting 'yum yum, you look so tasty!' (in Gaelic obviously) but he had taken the whole thing really quite seriously. We were rehearsing our lines at home for weeks and the excitement in the build-up was tremendous. The nerves were affecting him the night before — "I don't want to wake up tomorrow!" he declared, with the appropriate amount of drama.

On Mod Morning, he was in his school uniform an hour early and just about beside himself. A minute away from the school gate, he was harrasing his father: "Hurry up dad!" "It's okay, we've got five minutes," he was assured. "Five minutes?!?! Hurry up!!!"

The class went from the school to An Lanntair, where the competition was being held, in the school bus and we made our own way there, accompanied by Michael's Shen (granddad), for whom it was a bit of a trip down memory lane. "It would have been 1955 and I was in the recitation competition," he recalled. "I was about 10. I can't remember what the piece was but I remember it was in Martin's Memorial Church Hall and one of the judges was Dolly Doctor. Four of us were taken from Breasclete in the schoolmaster's Black Hillman Minx — registration number JS8 578 — and I was sitting beside the schoolmaster and I got to change the gears on the way over. "I remember being in Woolies and I remember getting ice cream in the Italian's and I remember thinking that Stornoway was a huge place."

He won third prize but took something else away from the competition too. "It gave me the confidence to perform in public because subsequently I did take part in the Gaelic playlets under the direction of Betty Mackenzie, when I was about 14 or 15. It reduces the anxiety of performing in public, such as public speaking." As we waited for Michael's class to come on, Shen whispered: "I find this almost as exciting as if I was up on the stage myself."

